



ALBA | CHRUTHACHAIL

Eàrr-Ràdhan

**Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean
a' Chrannchur Nàiseanta**

**Maoin Prògram Leudaichte
a' Crannchuir Nàiseanta**



Awarding funds from

THE NATIONAL LOTTERY®

Clàr-innse

3 - Eàrr-ràdh – Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd mus dèan sibh tagradh?

3 - Eàrr-ràdh – Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

4 - Eàrr-ràdh – Saorsa Fiosrachaidh

4 - Eàrr-ràdh – Dìon Dàta

5 - Eàrr-ràdh – Gearanan

5 - Eàrr-ràdh – Riaghladh Thabhartasan

6 - Eàrr-ràdh – Calpa, Uidheamachd agus Stuthan a Chleachdar

7 - Eàrr-ràdh – Cuideachadh le Ionmhas

13 - Eàrr-ràdh - Dìon/Urram san Obair

14 - Eàrr-ràdh - Dèanadas a nì prothaid

Eàrr-ràdh – Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd mus dèan sibh tagradh?

Tha rùn aig Alba Chruthachail gum bi pròiseasan is prògraman cur a-steach ann a tha soilleir is ruigsinneach agus fosgailte do na h-uile. Tha diofar dhòigh againn taic a chumail ribh gus ur tagradh a dhèanamh:

- Faodaidh sinn stiùireadh a thabhairt do thagraichean ciamar a nithear tagradh
- Gheibhear taic ruigsinneachd do thagraichean ciorramach, a rèir iarrtais gach neach fa leth. An lùib ar taic, gheibhear Eadar-theangairean Cànain Soidhnidh beò agus taic sgrìobhaidh do thagraichean le dyslexia.
- Gheibhear taic phearsanta do dhaoine aig a bheil feuman ruigsinneachd.
- Gheibhear fiosrachadh ann an cruthan eile (nam measg clò mòr, Braille, Easy Read, clàr fuaim agus cànain eile leithid Gàidhlig agus BSL)
- Gabhaidh sinn ri tagraidhean ann an clò bhon fheadhainn gun chothrom air eadar-lìon
- Gabhaidh sinn ri iarrtasan agus stuthan-taice a tha air an sgrìobhadh ann am Beurla, Gàidhlig no Albais.
- Bidh sinn a’ tabhairt cuairtean iùil bhideo de ar bileagan tagraidh air-loidhne

Ma tha taic no fiosrachadh a bharrachd a dhìth oirbh, no ma bhios ceistean coitcheann ro-thagraidh agaibh mun mhaoin agus mar a nithear tagradh – no mura h-eil comas agaibh fhaighinn air an eadar-lìon gus tagradh a dhèanamh, no ma dh’fheumar taic a bharrachd leis an tagradh tron làrach air-loidhne, cuiribh fios air an Sgioba Ceist againn a bheir comhairle dhuibh no a nì ceangal eadar sibh fhèin agus neach de na h-oifigich againn.

Eàrr-ràdh – Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh, agus sibh airson dèanamh soilleir a bheil sibh agus/no ur pròiseict freagarrach, no ma thathas airson bruidhinn mu ceistean eile mun mhaoin seo, cuiribh fios gun t-Seirbheis Ceist againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: Lìonaibh foirm [air an làrach-lìn againn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@creativescots](#)

Tha sinn ag amas air freagairt sgiobalta a thoirt do gach ceist, agus am broinn 10 là obrach. Ma bhios ur ceist riatanach, innsibh dhuinn agus thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

Eàrr-ràdh – Saorsa Fiosrachaidh

Tha rùn aig Alba Chruthachail a bhith cho fosgailte 's a ghabhas. Tha sinn dhen bheachd gu bheil còir fios a bhith aig a' phoball ciamar a chosgais sinn ionmhas poblach agus a nì sinn co-dhùnaidhean a thaobh maoineachaidh. Chìthear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI air an làraich-lìn againn an seo:

www.creativescotland.com/foi

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt dha ball sam bith den phobaill a dh'iarraas am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaod sinn na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo raon aon no barrachd de na saoraidhean fon Achd fhoillseachadh. Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig

www.itspublicknowledge.info airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saoraidhean. Chan fhoillsich sinn fiosrachadh sam bith mu dheidhinn iarrtasan aig àm a' mheasaidh, oir faodaidh seo buntainn ris a' phròiseas co-dhùnaidh.

Eàrr-ràdh – Dìon Dàta

Feumaidh Alba Chruthachail (CS) beagan fiosrachaidh pearsanta mur dheidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air an iarrtas agaibh airson maoineachaidh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail (CS) air an iarrtas a thoirt air adhart.

Ma thathas airson tuairisgeul fhaicinn air an fhiosrachadh phearsanta a tha a dhìth air Alba Chruthachail, carson a tha e a dhìth, dè nì Alba Chruthachail leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fad 's a chumas Alba Chruthachail e, tha Brath Prìobhaideachd Alba Chruthachail ri fhaighinn air-loidhne aig www.creativescotland.com/privacy-policy.

Dh'fhaodadh gun roinn Alba Chruthachail am fiosrachadh pearsanta agaibh le treas-pàrtaidhean gus gèilleadh dhan lagh agus/no dha com-pàirtean dligheach Alba Chruthachail agus/no na mhòr-phàrtaidhean a bhuineas ris.

Far a bheil am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail a' buntainn ri daoine fa leth eile, thoiribh iomradh air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a tha aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na

còraichean seo ann am Poileasaidh Prìobhaideachd Alba Chruthachail no faodar fios a chur dhan [Oifigear Dìon Dàta](#) aig Alba Chruthachail.

Ma tha dragh sam bith oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh, bu chòir fios a chur dhan Oifigear Dìon Dàta aig Alba Chruthachail sa chiad dol a-mach, oir bu toigh le Alba Chruthachail cothrom a bhith aca obrachadh còmhla ribh gus gearan sam bith fhuasgladh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu [Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh](#).

Eàrr-ràdh – Gearanan

Mar bhuidheann, nì sinn èisteachd agus bheir sinn freagairt daonnan do dhraghan sam bith a dh'fhaodadh a bhith oirbh. Nam bu toigh leibh gearan a thogail mun t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh san do dhèilig sinn ri ur n-iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh.

Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail, agus air an adhbhar seo, chan urrainn dhuinn gabhail ri gearanan a tha co-cheangailte ris a' cho-dhùnadh a-mhàin seach gearanan a tha co-cheangailte ri ciamar a rinn sinn an co-dhùnadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, rachaibh gu earrann nan Gearanan air ar làrach-lìn: [Làimhseachadh ghearanan | Alba Chruthachail](#)

Eàrr-ràdh – Riaghladh Thabhartasan

Is e a tha ann an tabhartas-airgid, no subsadaidh, suidheachadh far an toir ùghdarras poblach taic (leithid airgead) do bhuidheann a bheireadh buannachd eaconamach dhaibh, a' ciallachadh nach gabhadh an t-aon taic fhaighinn ann an dòigh coimearsalta.

Is e adhbhar siostam smachdachaidh subsadaidh na RA stad a chur air ùghdarrasan poblach bho shochairan ionmhais a thoirt do bhuidhnean ann an dòigh a milleadh farpais.

Rinneadh riaghailtean agus freagarrachd Maoine Fosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchur Nàiseanta gus nach dèanar prothaidean rè àm a' phròiseict. Cuideachd, taghaidh am pròiseas measaidh agus co-dhùnaidh dèanadas nach tachradh, san dòigh a mhìnichear san tagradh, mura tigeadh an t-ionmhas. Adhbharaichidh seo gu bheil dèanadas freagarrach mì-eaconamaiceach fo Achd Smachd air Taic-airgid 2022, le sin, cha mheasar ionmhas mar thabhartas fon lagh seo.

Ghabhadh ge-tà tagradh a dhèanamh an aghaidh an seasamh seo le buidheann no neach eile, agus nan deidheadh leotha nan tagradh, bhiodh e a' ciallachadh gun fheumadh an neach a fhuair an t-ionmhas a phàigheadh air ais.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Riaghladh Smachd Taic-airgid na RA air [làrach-lìn Riaghaltas na RA an seo](#). Gheibhear Stiùireadh Smachd air Taic-airgid [an seo: Stiùireadh Reachdail](#).

Eàrr-ràdh – Calpa, Uidheamachd agus Stuthan a Chleachdar

Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchur Nàiseanta

Cha bu chòir do mhion-chosgaisean calpa (a' gabhail a-steach uidheamachd agus stuthan a chleachdar) a bhith nas àirde na £50,000 agus 50% den làn-iarrtas do Alba Chruthachail.

Maoin Prògram Leudaichte a' Crannchuir Nàiseanta

Cha bu chòir do mhion-chosgaisean calpa (a' gabhail a-steach uidheamachd agus stuthan a chleachdar) a bhith nas àirde na £50,000 den làn-iarrtas do Alba Chruthachail.

Airgead calpa – Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh?

Faodar mion-cosgaisean calpa a chur dhan tagradh agaibh ma sheallas sibh ciamar a chomasaicheas, no a chuireas e ris, ur tachartasan cruthachail.

Nuair a chanas sinn 'mion-cosgaisean calpa' thathas a' ciallachadh leithid:

- Goireasan stèidhichte a chur a-steach, leithid solais no suidheachain
- Ceannach innealan
- Ceannach uidheamachd ùr
- Ceannach carbadan
- Stèidheachadh teicneolas ùr (a' gabhail a-steach didseatach no àrainneachd)
- Ath-thogail agus leasachaidhean beaga ann an togalaichean samhail ruigsinneachd agus freagarrachd.

Cha chur sinn taic ri:

- Obair mhòr chalpa
- Ceannach togalaichean
- Sgrùdaidhean so-dhèantachd
- Tagraidhean son uidheamachd a-mhàin

Uidheamachd agus Stuthan a Chleachdar

- Faodaidh uidheamachd agus stuthan a chleachdar a bhith nam pàirt den iarrtas agaibh do Mhaoin Phrògraim Leudaichte a’ Crannchuir Nàiseanta, ach chan fhaodar tagradh dìreach airson uidheamachd/stuthan a chleachdar.
- Tuigidh sinne “uidheamachd” mar nithean a tha riatanach airson is gun gabh an dèanadas maoinichte àite agus a bhios na goireas a bhuineas don tagraiche nuair a chrìochnaicheas am pròiseact.
- Tuigidh sinne “stuthan a chleachdar” mar nithean a tha riatanach airson is gun gabh an dèanadas maoinichte àite agus a bhios gun fheum no luach nuair a chrìochnaicheas am pròiseact, leithid stuthan ealain.
- Faodaidh uidheamachd agus stuthan a chleachdar a bhith airidh air taic ma tha iad riatanach gus an gabh ur prògram àite, no ma sheallas sibh gun comasaich iad, no cur ri, ur dèanadas cruthachail.
- Faodar beachdachadh air tagraidhean airson uidheamachd cleachdte mura faighear an uidheamachd ùr tuilleadh (leithid seann cruthan stutha a chleachdadh) no far a bheil an uidheamachd ann an staid ùr no le barantas (mar thaic do ath-chleachdadh agus èiginn na gnàth-shìde oirnn).

Eàrr-ràdh – Cuideachadh le Ionmhas

Feumaidh gach tagraiche buidseit fa leth a chur thugainn mar chuideachadh gus am meas sinn stiùireadh ionmhais ur prògraim.

A bharrachd air na cunntasan agaibh fhèin, tha sinn cuideachd ag iarraidh oirbh cunntas le na cosgaisean ceangailte ris a’ phrògram agaibh a briseadh sìos le na clàran a leanas a’ lìonadh sa bhileig tagraidh:

- Clàr Buidseat Teachd a-steach
- Clàr Buidseat na Chosgar

Cleachdaibh notaichean slàn anns na cunntasan gu lèir. Faodaidh sibh cosgaisean nas mionaidiche aithris dhan nota as fhaisge.

Tha sinn airson taic a chumail ri prògraman a sheallas deagh thuigse air na cosgaisean agus teachd-a-steach a tha nan lùib agus ciamar a sgrùdar agus a chumar rian orra. Feumaidh sinn am fiosrachadh anns na clàran sin gus an ullaich sinn aithris don luchd-mhaoineachaidh againn.

Nuair a lìonas mi an Clàr Buidseat Teachd a-steach dè am fiosrachadh a chuireas mi a-steach?

Sa bhileig tagraidh, iarraidh sinn oirbh dà phrìomh chlàr a lìonadh a-steach, fear le ur cosgaisean no caitheamh airgid, agus fear eile le ur teachd-a-steach. A’ tòiseachadh leis a’ chlàr teachd-a-steach, ainmich teachd-a-steach a’ phrògraim – ionmhas sam bith a thathas a’ sireadh, bathar sam bith a gheibhear, cosgaisean a nì am prògram

(leithid reic tiocaidean) rè nan ceann-là tòiseachaidh agus crìochnachaidh. Feuch dè na tha agaibh de mhaoin, no a thathas a' sùileachadh, agus faodar a' chòrr iarraidh bho Alba Chruthachail.

Faodar 100% iarraidh bho Alba Chruthachail, ach cuiridh e ri ur tagradh mas urrainn dhuibh nochdadh gu bheil taic nas fharsaing ann dhan dèanadas a tha sibh a' moladh. Cuideachd, cha chumha ar taice gun fheum cinnt a bhith ann a thaobh ionmhas com-pàirteachail eile, ach feumaidh sinne feart a thoirt air fianais taic ionmhais bho chom-pàirtichean eile agus mòran farpais sa mhaoin seo.

Ciamar a bu chòir cosgaisean stuthail nochdadh anns a' chlàr Teachd-a-steach Pròiseact agam?

Ma tha nithean nur chlàr Teachd-a-steach Pròiseact a thathas a' meas mar 'stuthail' (leithid luchd-obrach saor-thoileach, rùm a ghlèidheil gu saor) feumaidh sibh a bhith cinnteach gun cuirear prìs man coinneamh agus gun clàrar iad nur clàr teachd-a-steach. Seo eisimpleir de chlàr Teachd-a-steach Pròiseact a' nochdadh cuid de na rudan air am bu chòir feart a thoirt nuair a lìonar an clàr seo:

Seòrsa maoin eachaidh	Ainm an luchd-maoin eachaidh/tùs ionmhais	Airgead no stuthail	Cumhach, Barantaichte no ri Teachd	Suim ionmhais/teachd-a-steach
Alba Chruthachail	Maoin Prògram Leudaichte a' Crannchuir Nàiseanta	Airgead (thig ar tabhartasan mar airgead an-còmhnaidh)	Ri teachd (seo an rud dam bheileas a' tagradh agus thathas a' feitheamh co-dhùnaidh)	£XXX
Ùghdarras Ionadail	Comhairle XY	Airgead	Barantaichte	£XXX Airson airgid bharantaichte feumar fianais a thoirt le ur tagradh
Urrasan agus Bunaitean	Urras YZ	Airgead	Cumhach	£XXX (Iarraidh sinn oirbh fiosrachadh a thoirt mu na cumhaidhean ceangailte ris an airgead, leithid dearbhadh air maoin eachadh co-ionnann)
Companaidhean	Sanasachd WZ	Stuthail	Barantaichte	£XXX (Far an gabhar,

				thoiribh seachad fianais mu thabhartasan stuthail sam bith far a bheil solaraiche/com-pàirtiche a' toirt dhuibh seirbheis an-asgaidh no gu saor – leithid litir no post-d a' dearbhadh an tairgse aca)
Daoine fa leth agus Cruinneachadh Airgid	Iomairt Sluagh-mhaoineachaidh	Airgead	Ri Teachd (mura rinneadh e) no Barantaichte (ma chruinnichear an t-airgead mar-thà)	£XXX (Ma tha e Barantaichte, thoiribh dhuinn ceangal don làrach-lìn mar dhearbhadh.)
Goireasan fhèin (airgead agus stuthail, mìnichibh)	Is dòcha gum bithear airson cuid den airgead no goireasan agaibh fhèin a chur ris (leithid àm, uidheamachd)	Stuthail no airgead (mìnichibh dè)	Barantaichte (bithear a' gabhail ri ur tional fhèin mar bharrantaichte)	£XXX
Teachd a-steach air a chosnadh (leithid Tiocaidean)	Teachd a-steach Tiocaidean	Airgead	Canar 'Ri Teachd' mar as trice ri seo oir thig e san àm ri teachd. Chan eil e 'Barantaichte' ach ma shuidhich sibh prìsean bharrantaiche le ionadan, 7c.	£XXX Ma chanar 'Barantaichte' feumar fianais sgrìobhte a thoirt seachad, leithid puist-d, leis an suim a chaidh a thabhann)
Eile (mìnichibh)	Saor-thoilich	Stuthail	Barantaichte	£XXX (Cuiribh suim mu chosgais nan stuth agus sgrìobhaibh an seo i)
Teachd-a-steach a' Phròiseict gu h-Iomlan				£XXX Feumaidh seo a bhith co-ionann ris an t-suim ann an clàr Caiteachas a' Phròiseict

Nuair a lìonas mi an Clàr Buidseat Caiteachas dè am fiosrachadh a chuireas mi a-steach?

Cosgaisean gus an fheadhainn an sàs a phàigheadh: Cuiribh a-steach na cosgaisean agus tuarastail gach neach a bhios an sàs san dèanadas – eadar luchd-ealain, luchd-obrach-taice agus na cosgaisean ealain agaibh fhèin. Tha Alba Chruthachail ag iarraidh a bhith cinnteach gum pàighear luchd-ealain gu h-ìomchaidh airson an cuid obrach is tìde. Nuair a mheasas sibh cosgaisean luchd-ealain, thoiribh sùil air [inbhean a' ghnìomhachais mu ìrean-pàighidh](#) freagarrach.

Cosgaisean ruith no na chaithear air a' phrògram: A bharrachd air an fheadhainn a bhios an sàs a phàigheadh, ainmich na cosgaisean ruithe riatanach aig ur prògram.

Cosgaisean gus uidheamachd agus stuthan riatanach a cheannach: Ma dh'fheumas ur prògram uidheamachd no stuthan a cheannach no a thoirt a-mach air iasad, innsibh man deidhinn. A thaobh Maoin Phrògraim Leudaichte a' Crannchuir Nàiseanta, cha bu chòir cosgaisean calpa no uidheamachd a bhith nas motha na £50,000 de bhuidseat slàn ur prògraim.

A thaobh Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta, cha bu chòir do chosgaisean calpa no uidheamachd a bhith nas àirde na £50,000 no 50% den làn-iarrtas do Alba Chruthachail.

Cosgaisean sanasachd a' phrògraim agus gus luchd-amhairc a lorg agus a mheudachadh: Cosgaisean airson margaidheachd, rannsachadh, meudachadh luchd-amhairc agus ullachadh is cruthachadh stuthan fiosrachadh margaidheachd.

Cosgaisean ruigsinneachd: Tha dà sheòrsa cosgaisean ruigsinneachd ann – Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta agus Cosgaisean Ruigsinneachd Pròiseict, a bu chòir clàradh fa leth nur buidseat.

Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta: Ma tha sibh fhèin, no cuid eile den prìomh luchd-compàirt an lùib cruthachaidh agus a' treòrachadh an dèanadais Bodhar, le tinneas ùine fhada no le fìor dhroch shlàinte ciorram, le uathachas no le tinneas ùine fhada no le fìor dhroch shlàinte, is dòcha gun fheum sibh cosgaisean a bharrachd a thaobh ur feumalachdan ruigsinneachd fhèin gus am prògram a thoirt gu buil. Leithid neach-mìneachaidh BSL, uidheamachd no bathar-bog sònraichte, cosgaisean siubhail a bharrachd no Neach-cuideachaidh Pearsanta do neach le ciorram. Chan eil an liosta seo iomlan. Bu chòir dhuibh innse dè tha dhìth gus an dèanadas a choileanadh. Làimhsichear cosgaisean ruigsinneachd pearsanta air leth bho ur prìomh bhuidseat phrògraim. Cha mheasar iad mar phàirt de ur tagradh airgid.

Cothrom air Obair: Is dòcha gum faod sibh tagradh airson taic bho mhaoin Cothrom air Obair Riaghaltas na RA, a dh'fhaodas cuideachadh le cuid de cosgaisean a bharrachd den obair agaibh a dhèanamh, no siubhal gu, à agus rè ur n-obair ma tha sibh le ciorram. Rachaibh gu www.gov.uk/access-to-work

Cosgaisean Ruigsinneachd a' Phròiseict: Bu chòir cosgaisean ruigsinneachd pròiseict eile a chuir ris an duilleig Cosgaisean Buidseit sa bhileag tagraidh, a' cleachdadh a' chinn 'Cosgaisean Ruigsinneachd a' Phròiseict'.

Is iad na cosgaisean a chuidicheas leis ur pròiseact a bhith cho fosgailte is ruigsinneachd do fharsaingeachd cho mòr de dhaoine is a ghabhas. Gabhaidh cosgaisean sam bith a chur an seo a bhuineas do chur às no lùghdachadh bacaidhean do dhaoine a bhith an sàs ann, pàirt a ghabhail ann, no a dhol don dèanadas agaibh.

'S iad cuid de na h-eisimpleirean cosgaisean do Aithris Fuaime, dèanadais le mìneachadh no tiotalan BSL (Cànan-soidhnidh Bhreatainn), cruthan ruigsinneachd do mhìneachadh stuthan agus taisbeanadh; cuairtean làimhe; cùram chloinne; cothrom cathair-chuibhle.

Faodaidh sibh cosgaisean a thoirt a-steach a bhuineas do chùram-chloinne aon turas no geàrr-ùine agus uallaichean cùraim eile far nach biodh e coltach gun gabhadh sibh fhèin no neach eile sa phrògram pàirt gun an taic seo. Thoiribh fa-near: Measar cosgaisean cùraim-chloinne mar sochair air an cuirear cìsean, is ged a bheir Alba Chruthachail na cosgaisean sin seachad, bidh e an urra ribhse seo aithris do HMRC.

Cosgaisean eile: Cha fhreagair cuid de chosgaisean fo na cinn gu h-àrd, agus bu chòir dhuibh a chur an seo. Mar eisimpleir, is dòcha gu bheil sibh airson maoin chruaidh-chàs a bhith ann, gun d' fhiosta nach tig cosgaisean ris nach robh dùil. Suidhichear seo mar eadar 5-10% den bhuidseat mar as trice.

Dè chòrr a dh'fheumas mi tuigse mu chosgaisean? Nur clàr cosgaisean bu chòir dhuibh gach cosgais ainmeachadh, fiù 's an fheadhainn a gheibh sibh 'an asgaidh' – ris an canar "cuideachadh stuthail" – far nach gluais airgead, no sibh a' faighinn rud nas saoire. Mar eisimpleir, is dòcha gum biodh saor-thoilich ag obair air ur prògram. Bu chòir dhuibh tomhais dè na dh'fheumadh sibh de dh'airgead a chaitheamh dhan obair sa bhitheantas agus a chur ri na cosgaisean agaibh. No is dòcha gum faigheadh sibh sanasachd air prìs shaor bho chompanaidh. A-rithist, sgrìobhaibh na chosgadh e sa bhitheantas.

A bheil cosgaisean sam bith ann nach fhaod sinn chur ann? Leis gu bheil a' mhòr-chuid den ionmhas a' tighinn bhon Chrannchur Nàiseanta, chan fhaod sibh na cosgaisean a leanas a chur ann am buidseat ur prògram:

- pàigheadh iasadan, tochradh no riamh

- airgead a chaidh a chaitheamh mar-thà
- neach eile a phàigheadh ur tagradh a sgrìobhadh dhuibh
- cosgaisean airson gnìomhan poilitigeach no creideimh
- airgead airson tional airgid nas fharsainghe
- VAT a gheibh sibh air ais
- cosgaisean do phrògraman a thèid an àite gnìomhan a nithear fon lagh.

Dè chòrr a dh'fheumas mi tuigse mu chosgaisean?

Maoineachadh dhùbailte

Thoiribh fa-near, ma tha ionmhas aig ur prògram bho Alba Chruthachail tro sruth mhaoineachaidh eile – a thig dìreach bho phrògram mhaoineachaidh eile aig Alba Chruthachail, no tro ionmhais a bheir fear de na com-pàirtichean againn – nach gabh am 'maoineachadh dùbailte' seo a chleachdadh mar ionmhas com-pàirteachail do phrògram.

Aithris pròiseict

Ma gheibh sibh ionmhas, mar phàirt de ur prògram agus buidseatan a stiùireadh, feumaidh sibh sùil a chumail air ur teachd-a-steach agus cosgaisean tron phrògram, aithris a chur letheach tron prògram agus aig an deireadh. Feumaidh sinn ur cosgaisean fhaicinn an coimeas ris an fhiosrachadh buidseit a chuireadh nuair a rinneadh tagradh, agus bithear a' sùileachadh gun clàr sibh am fiosrachadh seo tron phrògram.

Sruth airgid

Maoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchuir Nàiseanta

Mar a dh'innsear san stiùireadh, ma thèid leibh ionmhas fhaighinn, thig an t-airgead mar as trice ann an dà phàirt – 75% nuair a thillear an cùmhnant, agus 25% nuair a choileanar am pròiseact gu soirbheachail agus a ghabhar ri na aithrisean sgrùdaidh pròiseict freagarrach. Feumaidh tagraichean smachd a chumail air an sruth airgid, oir cha bhi 25% den ionmhais a bhuilichear ri fhaotainn ro dheireadh a' phròiseict.

Maoin Prògram Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta

Mar a dh'innsear san stiùireadh, ma thèid leibh ionmhas fhaighinn, thig an t-airgead mar as trice ann an trì pàirtean – 50% nuair a thillear an cùmhnant, 40% letheach slighe agus a-mhàin le aithris eadar-ama ga choileanadh gu ceart, agus 10% nuair a choileanar am pròiseact agus a ghabhar ri an aithris sgrùdaidh pròiseict freagarrach. Le sin, feumaidh tagraichean smachd a chumail air an sruth airgid da rèir.

Ma bhios coltas ann gun adhbharaich seo trioblaidean dhuibh, is dòcha gum faod sinn an dòigh pàighidh àbhaisteach seo atharrachadh. Innsibh dhuinn ma tha sibh den bheachd gum freagradh dòigh pàighidh eadar-dhealaichte oirbh na b' fheàrr.

Pàigheadh Cothromach

Tha e nar n-amharc gun toir tagraidhean iomradh air slatan-tomhais buntainneach a' ghnìomhachais air ìrean pàighidh, leithid Aonadh an Luchd-ciùil, Aonadh Luchd-ealain na h-Alba, EQUITY, BECTU no Comann nan Ùghdar. Dheasaich sinn stiùireadh mu ìrean pàighidh a gheibhear air [làrach-lìn Alba Cruthachail](#).

Eisimpleirean Buidseit

Feumaidh gach tagradh buidseit leasachail a bharrachd a thoirt seachad, sin a thuilleadh air ur clàran teachd-a-steach agus cosgaisean sa bhileag tagraidh air-loidhne. Tha cruth a' bhuidseit seo a rèir ur pròiseict. Mholaidh sinn gun cleachdadh sibh cliath-dhuilleag gus ur buidseat ullachadh agus gun sgrùdadh sibh e gu faiceallach mus cur sibh a-steach e, gus am bi na h-àireamh ceart agus gun gabhar a-steach gach taobh de ur pròiseact.

Eàrr-ràdh - Dìon/Urram san Obair

Dìon

Canar "Dìon" ri cleachdaidhean a shuidhicheas sibh gus am bithear cinnteach gu bheil an fheadhainn leis a bheil sibh ag obair, mar com-pàirtichean no luchd-obrach, gan dìon bho chron, droch-dhiol agus dubh-shaothrachadh. Dh'ullachadh Alba Chruthachail stiùireadh mu dhìon nuair a bhitear ag obair còmhla ri cloinne, gu pearsanta agus air-loidhne – gheibhear seo [air ar làrach-lìn: A' Cruthachadh Sàbhailteachd](#).

Ma bhios sibh ri obair sam bith le cloinn, daoine òga no inbhich so-leònte (gu pearsanta no air-loidhne), bu chòir poileasaidh dìon a bhith agaibh, agus mholadh sinn gus comhairle eòlaiche a ghabhail a thaobh seo – faodaidh ar stiùireadh Cruthachadh Sàbhailteachd cuideachadh, agus tha stiùireadh aig buidhnean eile leithid an NSPCC cuideachd do dhaoine fa leth a ri seo.

Bu chòir buidhnean a thagras airson obair cloinne, daoine òga no inbhich so-leònte dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a bhios an sàs nam buill den sgeama PVG a ruithear le Disclosure Scotland.

Urram san Obair

Tha gach neach a bhios ag obair ann an roinnean cruthachail agus cultarach na Alba airidh air urram agus spèis, ged a bu neach-fastaidh, neach-obrach neo-cheangailte, cunnradair, ball Bùird no saor-thoileach iad. Chan fhuing Alba Chruthachail

buaidheachd, sàrachadh no dìmeas ann an suidheachadh sam bith, agus thathas a' sùileachadh an dearbh nì bho bhuidhinn sam bith dan toir sinne airgead poblach.

Bu chòir dhaibhsan a nì tagradh dha obair a dh'fhastas daoine eile dèanamh cinnteach gu bheil riaghailtean dìon freagarrach aca gus am bith urram aig daoine nan obair, a' gabhail a-steach dòighean-obrach gus na cleachdaidhean as fheàrr a bhith ann a thaobh leithid co-ionannachd agus iomadachd, sàrachadh agus burraidheachd, smachd agus innse mu thrioblaidean.

Dh'ullaich Alba Chruthachail stiùireadh dè tha sinne a' ciallachadh le urram san obair, agus na tha sinne a' sùileachadh bhon fheadhainn dan toir sinn airgead. Leughaidh sibh seo [air ar làrach-lìn: Urram san Obair](#).

'S e ar prìomh dleastanas maoin a bhuileachadh, chan bhuin uallach laghail dhuinn. Ge-tà, tha dùil againn gun gabh feadhainn a gheibh airgead gu ceart rin cuid uallach mu dhìon agus urram san obair agus iad a' faighinn airgid phoblach, dh'adhbharaicheadh easbhaidh a thaobh seo stad air pàigheadh no taicean-airgid gan toirt air ais.

Eàrr-ràdh - Dèanadas a nì prothaid

Bu chòir do thabhartasan a nithear mar phàirt de Mhaoin Fhosgailte do Bhuidhnean a' Chrannchur Nàiseanta a bhith ag adhartachadh math an t-sluaigh agus cha bu chòir dhaibh a bhith a chum buannachd prìobhaidich.

Le sin, chan urrainn dhuinn tabhartasan a thoirt seachad far am sùilichear prothaidean mar thoradh air an tabhartas agus a sgaoilear taobh muigh na buidhne.

Tuigidh sinn gun adhbharaich cuid de dhèanadas obair ùr (obair-ealain, ceòl, sgrìobhadh) a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh gun dèante prothaidean.

Measaidh sinn ur pròiseict mar a thugadh iomradh nur tagradh gus dèanamh cinnteach gu clàrar teachd-a-steach sam bith a thigeadh (reic tiocaidean, reic clàran, reic obair-ealain) sa bhuidseat pròiseict agaibh. Ma shaoileas sinn nach còmhdaich ùine ur pròiseict a' mhòr-chuid de theachd-a-steach a thigeadh bhon phròiseact is dòcha gun lùghdaich sinn na bheirear dhuibh no gun meudaich sinn ùine a' phròiseict.

Nuair a lìonas sibh ur Bileag Sgrùdaidh Crìoch Phròiseict, ma choisinn sibh nas motha no nas lugha teachd-a-steach na bhathas a' sùileachadh bu chòir dhuibh seo a nochdadh sa bhuidseat dheireannach agaibh. Ma choisinn sibh barrachd teachd-a-steach na bhathas a' sùileachadh, is dòcha gum bi an teachd-a-steach a bharrachd seo a' ciallachadh gun gearrar pàighidhean a bhiodh ri teachd bho Alba Chruthachail, ma chaidh uamhasach math dhan phròiseact a thaobh ionmhas is dòcha gun fheum na h-uibhir den tabhartas a phàigheadh air ais.

A rèir riaghailtean agus cumhaichean a' Chrannchuir Nàiseanta, ma gheibhear buannachd bhrìgheil choimearsalta à nì sam bith a rinneadh leis an ionmhas againn, glèidhidh Alba Chruthachail an sochair ath-bhuannachadh a shireadh suas gu luach tachartas sam bith a bhuilicheadh. Far an creid sinn gun do rinneadh prothaid nach deach fhoillseachadh, is dòcha gun iarr sinn modh-sgrùdadh air clàran ionmhas a' phròiseict.